

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**20/10/2011**

**\*Please scroll down for English Version\***

**Airson a sgaoileadh sa bhad**

## **Bòrd na Gàidhlig a' stèidheachadh lionra de Cheannardan foghlaim tron Ghàidhlig**

Tha Bòrd na Gàidhlig an impis lionra de cheannardan foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh gus taic is neart a chur ris an roinn mar a chaidh a mholadh ann an aithisg an HMle o chionn ghoirid, “Foghlam Gàidhlig: Togail air soirbheachadh, fuasgladh nam bacaidhean.”

Gus an iomairt seo a dhèanamh comasach, bidh Bòrd na Gàidhlig a’ ruith dà cho-labhairt do cheannardan sgoile anns na mìosan a tha romhainn le taic bho Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanais na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail. Bidh a’ chiad cho-labhairt de na trì air a cumail ann an Inbhir Nis air 6 Dùbhlachd agus an dàrna co-labhairt ann an Glaschu tràth sa Bhliadhna Ùr.

Bidh na co-labhairtean ag ath-dhaingneachadh cudromachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig mu choinneamh an ama ri teachd, ann an co-rèir ri Achd na Gàidhlig 2005 agus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Bidh iad a’ tairgsinn chothroman do stiùirichean sgoile gus feumalachdan taic an t-siostam foghlaim tro mheadhan an Gàidhlig a dheasbad, agus na modhan-obrach a dh’fhaodte a chleachdadh airson solar a leudachadh. Bidh buannachdan dà-chànanais air an togail cuideachd le aonad Bilingualism Matters ann an Oilthigh Dhùn Èideann.

Aon uair ’s gu bheil an lionra air a stèidheachadh, thathar a’ sùileachadh gum bi conaltradh eadar ceannardan sgoile air a chomasachadh tro GLOW – an eadra-lion foghlaim nàiseanta. A thuilleadh air luchd-foghlaim a’ co-roinneadh fiosrachaidh tro chleachdadh air a’ ghoireas seo, bidh e comasach do sgoilearan ceanglaichean a dhèanamh le sgoiltean eile agus le sgoilearan is luchd-teagaisg eile air feadh na dùthcha.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Bidh am Ministear airson Sgilean is Ionnsachadh, an Dr Alasdair Allan BPA, a chuir an dreachd den dàrna Plana Nàiseanta na Gàidhlig air bhog air 4 Dàmhair, a' lìbhrigeadh òraid aig a' cho-labhairt ann an Inbhir Nis.

Thuir Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig: “Bha gach aon de na prìomh bhuidhnean foghlaim nàiseanta agus ùghdarrasan ionadail a tha an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ag obair còmhla rinn gus an earrann foghlaim is ionnsachaidh den dreachd Plana a chur ri chèile, agus tha sinn fìor bhuidheach dhaibh airson an cuid taic. Tha an iomairt seo mar raon de cheumannan a tha a’ cuimseachadh air co-ionannachd spèis is ìre a dhleasadh do fhoghlam is ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, tro bhith a’ cruthachadh lìonraidhean taic an taobh a-staigh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a’ gabhail a-steach rèiteachadh airson ro-innleachd nàiseanta aontachadh às leth leasachadh air curraicealam agus air goireasan.”

**Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:**

**Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.**

**Post-d: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) Fòn-làimhe: 07557 481 081**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**20/10/2011**

**For immediate use**

## **Bòrd na Gàidhlig to establish network of Gaelic medium education Head Teachers**

Bòrd na Gàidhlig is to set up a network of Head Teachers of schools where Gaelic medium education is available, in order to support and strengthen the sector as recommended in the recent HMIe report; “Gaelic Education: Building on the successes, addressing the barriers”.

To facilitate this initiative Bòrd na Gàidhlig will run two seminars for Head Teachers in the coming months supported by Education Scotland, The Scottish Qualification Authority and local authorities. The first of these seminars will be held in Inverness on 6<sup>th</sup> December and the second in Glasgow early in the New Year.

The seminars will reinforce the importance of Gaelic medium education in creating a sustainable future for the Gaelic language in line with the Gaelic Language Act of 2005 and the aims of the National Gaelic Language Plan. They will also be an opportunity to highlight the successes of, and the attainment of pupils in, Gaelic medium education. Schools leaders will have the opportunity to discuss the support needs of the Gaelic medium education system, and the approaches which could be adopted to expand provision.

Once the network is established, it is anticipated that communication between Head Teachers will be facilitated through GLOW – the national education intranet. In addition to educationalists sharing information using this facility, it will also be possible for pupils to link with other schools and connect with other pupils and teachers throughout the country.

The Scottish Government Minister for Skills and Learning, Dr Alasdair Allan MSP, who launched the draft second National Gaelic Language Plan of the 4<sup>th</sup> of October will address the Inverness seminar.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Bòrd na Gàidhlig's Ceannard (Chief Executive), John Angus MacKay said: "All the major national education organisations and local authorities involved in Gaelic medium education worked with us to formulate the education and learning section of the draft National Gaelic Language Plan and we gratefully acknowledge their support. We know, however, that what goes on in schools is largely down to Head Teachers and it is essential to engage directly with them if we are to see an increase in the uptake of Gaelic medium education. This initiative is part of a range of measures aimed at securing equal respect and parity for Gaelic medium education and learning through creating support networks within Gaelic medium education, including arrangements for agreeing a national strategy for curricular and resource development."

**For further information, please contact:**

**Steven Maclver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.**

**E-Mail: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) Mobile: 07557 481 081**